# COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

**COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN**

Minute of Meeting held in the Council Chamber, Council Offices, Stornoway on Tuesday 3 March 2020 at 12.00 pm.

**PRESENT**

Mr John A Maciver (Chairman)
Mr Calum Macmillan
Mr Donald Manford
Mr Roddy Mackay
Mr Uisdean Robertson
Mr Finlay Cunningham
Mr Gordon Murray
Mr John Mackay
Mr Kenneth Macleod

**APOLOGIES**
Mr Alasdair Macleod (Vice Chairman)
Mr Norman A MacDonald
Mr Donald F Crichton

**MEMBERS IN ATTNEDANCE**

Mr Iain M Macleod
Mr Iain A Macneil

**OFFICERS IN ATTENDANCE**
Mr Robert Emmott
Mr Joe Macphee
Mrs Doileag Macleod
Mr Colin G Morrison
Mr Donald Weir
Mr Derek Mackay
Mrs Marion Macleod

**COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR GAELIC LANGUAGE PLAN**

The Chairman referred to Bord na Gàidhlig's (BnG) positive response to its annual review of the Comhairle's Gaelic Language Plan. The Chairman indicated that BnG had praised the steps taken by the Comhairle in relation to Gaelic Medium Education and to the innovative solutions found for curriculum expansion through the use of technology.

**VISIT SCOTLAND GAELIC LANGUAGE PLAN 2019-22**

The Chairman informed the Committee of the recently published Visit Scotland Gaelic Language Plan which detailed 32 action points that the organisation envisaged implementing during the term of the Plan.

**COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN**

Geàrr-Chunntas Na Choinneimh a Chaidh a Chumail ann an Seòmar na Comhairle, Oifisean na Comhairle, Steòrnabhagh, air Dimàirt 3 Mairt 2020 aig 12.00f.

**AN LATHAIR**

Mgr. Iain A MacÌomhair (Cathraiche)
Mgr. Calum MacMhaoilein (air ceangal Bhideo)
Mgr. Domhnall Manford
Mgr. Ruairidh MacAoidh
Mgr. Uisdean MacDhonnchaidh
Mgr. Fionnlagh Coineagan
Mgr. Gòrdon Moireach
Mgr. Iain MacAoidh
Mgr. Coinneach MacLeòid

**APOLOGIES**
Mgr. Alasdair MacLeòid (Iar-chathraiche)
Mgr. Tormod A Dòmhnallach
Mgr. Dòmhnall F Crichton

**BUILL AN LATHAIR**

Mgr. Iain M Macleòid
Mgr. Iain A MacNèill

**AN LÀTHAIR**
Mgr. Raibeart Emmott
Mgr. Iòsaiph Mac a' Phì
Bh-Ph Doileag NicLeòid
Mgr. Cailean G Moireasdan
Mgr. Domhnall Weir
Mgr. Derek MacAoidh
Bh-Ph Mòr Nicleòid

**PLANA CÀNAN GÀIDHLIG CHOMHAIRLE NAN EILEAN SIAR**

Thug an Neach-cathrach iomradh air freagairt deimhinneach Bhòrd na Gàidhlig ri ath-sgrùdadh bhliadhnail air Plana Cànan na Comhairle. Tharraing an Neach-cathrach aire chun mholadh a rinn Bòrd na Gàidhlig air na ceumannan a ghabh a' Chomhairle ann an dàimh ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus na fuasglaidhean ùr-ghnàthach a fhuaireadh air leudachadh churraicealam tro chleachdadh teicneòlais.

**PLANA CÀNAN GÀIDHLIG VISITSCOTLAND 2019-22**

Thug an Neach-cathrach fios don Chomataidh mu Phlana Cànan Gàidhlig VisitScotland a' mìneachadh na 32 puingean gnìomh a tha am buidheann an dùil a bhuileachadh tro theirm a' Phlana.

**MINUTES**

1 Minute of Meeting of 3 December 2019

It was agreed that the Minute of Meeting of 3 December 2019 was **approved**

2 Declaration of Interest

Mr Kenneth Macleod declared an interest in item 6 as his wife was an employee of Comunn Eachdraidh Nis and left the meeting during consideration of this item.

Mr Roddy Mackay declared an interest in item 4 as Eilean Dorcha Festival Development Manager and left the meeting during consideration of this item.

**GAELIC LANGUAGE PLAN**

3 Comhairle nan Eilean Siar Gaelic Language Plan 2019-2022 – Update on Progress Assets, Finance and Resources

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report detailing the progress made by the Assets, Finance and Resources Department in terms of implementing the actions within the Comhairle's Gaelic Language Plan 2019-2022 for which the Department was responsible. The Report indicated that most of the actions were either fully or partially completed.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.**

Mr Roddy Mackay declared an interest in item 4 as Eilean Dorcha Festival Development Manager and left the meeting during consideration of this item.

4 Comhairle nan Eilean Siar Gaelic Language Plan 2019-2022 – Update on Progress: Communities

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report detailing the progress made by the Communities Department in terms of implementing the actions within the Comhairle's Gaelic Language Plan 2019-2022 for which the Department was responsible. The Report stated that all the actions were completed.

During consideration of this item Mr Uisdean Robertson indicated that the Comhairle should be providing financial support to a wider range of organisations and festivals within the creative and cultural industry.

**It was agreed to recommend that the Comhairle:**

**(1) note the Report; and**

**(2) note that the Head of Economic Development and Planning would circulate an update on the Dualchas na Mara Project to Elected Members.**

**GEARR-CHUNNTASAN**

1 Geàrr-chunntas na Coinneimh air 3 Dùbhlachd 2019

Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 17 Ògmhios 2019

2 Clàradh Ùidh

Chlàr Mgr. Coinneach MacLeòid ùidh ann an cuspair 6 air sgàth `s gu bheil a bhean ag obair do Chomunn Eachdraidh Nis agus dh'fhàg e a' choinneamh fhad `s a bhathas a beachdachadh air a' chuspair seo.

Chlàr Mgr. Ruairidh MacAoidh ùidh ann an cuspair 4 mar Mhanaidsear Leasachaidh Fèis Eilean Dorcha agus dh'fhàg e a' choinneamh fhad `s a bhathas a beachdachadh air a' chuspair seo.

**PLANA CÀNAN**

3 Plana Cànan Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2019-2022 – Cunntas as Ùr air adhartas: So-mhaoin, Ionmhas is Stòras

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a' mìneachadh adhartas a chaidh a dhèanamh le Roinn So-mhaoin, Ionmhas is Stòras a thaobh buileachadh nan gnìomhan ann am Plana Cànan na Comhairle 2019-2022, far a bheil uallach air an Roinn. Mhìnich an Aithisg gu bheil na gnìomhan air an coileanadh gu tur no ann am pàirt.

**Chaidh aontachadh moladh an Aithisg a thoirt fa-near**

Chlàr Mgr. Ruairidh MacAoidh ùidh ann an cuspair 4 mar Mhanaidsear Leasachaidh Fèis Eilean Dorcha agus dh'fhàg e a' choinneamh fhad `s a bhathas a beachdachadh air a' chuspair seo.

4 Plana Cànan Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2019-2022 – Cunntas as Ùr air adhartas: Coimhearsnachdan

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a' mìneachadh adhartas a chaidh a dhèanamh le Roinn Coimhearsnachdan a thaobh buileachadh nan gnìomhan ann am Plana Cànan na Comhairle 2019-2022, far a bheil uallach air an Roinn. Mhìnich an Aithisg gu bheil na gnìomhan air an coileanadh gu tur.

Rè beachdachadh air a' chuspair seo dh'ainmich Mgr. Ùisdean MacDhonnchaidh gum bu chòir don Chomhairle a bhith a' cumail taic ionmhais ri raon farsaing de bhuidhnean agus fèisean ann an gnìomhachas chruthachail agus chultarail.

**Chaidh aontachadh moladh gun tugadh a' Chomhairle:**

**(1) fa-near an Aithisg; agus**

**(2) fa-near gun cuairticheadh Ceannard Leasachadh Eacanomaigeach agus Dealbhadh fiosrachadh do Bhuill air Pròiseact Dualchas na Mara.**

**FINANCIAL ASSISTANCE**

5 Comunn na Gàidhlig: Application for Financial Assistance: Cuach na Cloinne 2020

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report in respect of an application for funding from Comunn na Gàidhlig towards the costs of organising the Cuach na Cloinne 2020 annual national football competition for Gaelic speaking primary school children across Scotland. The Report further stated that the total cost of the project was £12,500 and Comunn na Gàidhlig were seeking a sum of £4,000 from Comhairle nan Eilean Siar. Funding was also sought from Bòrd na Gàidhlig and The Highland Council. £500 came from CnaG's own resources.

**It was agreed to recommend that the Comhairle award £4,000 to Comunn na Gàidhlig towards the cost of the Cuach na Cloinne 2020 competition, on such terms and conditions as the Chief Executive shall determine.**

Mr Kenneth Macleod declared an interest in item 6 as his wife was an employee of Comunn Eachdraidh Nis and left the meeting during consideration of this item.

6 Application for Financial Assistance – Comunn Eachdraidh Nis

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report in respect of an application for financial assistance from Comunn Eachraidh Nis. The Report stated that the application sought funding of £2000 granted towards a six month project relating to the year of Coast and Waters 2020. The project would concentrate on collecting and collating information relating to the seas and shoreline around the district and would further culminate in a series of events during Dùthchas week from 31 August to 5 September 2020, with the information collected being published and launched at that time.

**It was agreed to recommend that the Comhairle agree that the sum of £2,000 be awarded to Comunn Eachdraidh Nis towards the Cladach is Costa Cheann a Tuath Leòdhais Project on such terms and conditions as the Chief Executive shall determine.**

**TAIC- AIRGID**

5 Comunn na Gàidhlig: Iarratas airson Taic Airgid: Cuach na Cloinne 2020

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear ann an dàimh ri iarrtas airson taic airgid bho Chomunn na Gàidhlig a thaobh cosgais ruith farpais ball-coise nàiseanta bhliadhnail do chlann le Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean air feadh na h-Alba. Chaidh mìneachadh san Aithisg gu robh cosgais iomlan a' phròiseict aig £12,500 agus bha Comunn na Gàidhlig a' sireadh suim de £4,000 bho Chomhairle nan Eilean Siar. Bha maoineachadh cuideachd ga shireadh bho Bhòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd, le £500 a' tighinn bho stòras Chomann na Gàidhlig fhèin.

**Chaidh aontachadh moladh gun toireadh a' Chomhairle tabhartas de £4,000 do Chomunn na Gàidhlig a thaobh cosgais ruith farpais Cuach na Cloinne 2020, air teirmean agus cùmhnantan mìnichte leis an Àrd-oifigear.**

Chlàr Mgr. Coinneach MacLeòid ùidh ann an cuspair 6 air sgàth `s gu bheil a bhean ag obair do Chomunn Eachdraidh Nis agus dh'fhàg e a' choinneamh fhad `s a bhathas a beachdachadh air a' chuspair seo.

6 Iarrtas Airson Taic Airgid - Comunn Eachdraidh Nis

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear ann an dàimh ri iarrtas airson taic airgid bho Chomunn Eachdraidh Nis. Nochd an Aithisg gu robhas a sireadh taic de £2000 airson pròiseact a mhaireas sia mìosan co-cheangailte ri Bliadhna Costa is Uisgeachan 2020. Bhiodh am pròiseact a' cruinneachadh agus a' clàradh fiosrachadh ann an dàimh ris a' mhuir agus na cladaichean mun cuairt na sgìre a bhiodh a' tighinn còmhla ann an sreath de thachartasan tro sheachdain Dùthchas bho 31 Lùnastal gu 5 Sultain 2020, leis an fhiosrachadh ga fhoillseachadh ann an leabhar aig an àm.

**Chaidh aontachadh moladh gun toireadh a' Chomhairle tabhartas de £2,000 gu Comunn Eachdraidh Nis a thaobh pròiseact Cladach is Costa Cheann a Tuath Leòdhais air teirmean agus cùmhnantan mìnichte leis an Àrd-oifigear.**

7 Arts Organisation Revenue Funding 2020-21

Report by Director for Communities

The Director for Communities submitted a Report seeking approval of applications for annual revenue funding from the Hebridean Celtic Festival, Ceòlas and the seven Western Isles Fèisean for 2020/21. The Report stated that the organisations had delivered significant economic impact in terms of jobs supported, monies recycled through the local economy and through the levering-in of additional new resources. The Report further stated that the Sustainable Development Strategic Member Officer Working Group had considered a Report on Service Redesign savings on 7 February 2019 and had supported the option for a 25% reduction across all the organisations receiving annual revenue support under the existing Service Level Agreements.

**It was agreed to recommend, insofar as the Committee's interests are concerned, that the Comhairle, subject to the satisfactory conclusion of one year Funding Agreements for 2020/21, approve:**

**(1) £20,306 to the Hebridean Celtic Festival Trust (£16,031 from the Economic Development Funds Budget, £4,275 from the Sgioba na Gàidhlig Revenue Budget);**

**(2) £7,897 to Ceòlas Uibhist Ltd. (£3,385 from the Economic Development Funds Budget, £4512 from the Sgioba na Gàidhlig Revenue Budget); and**

**(3) £11,200 in total (£4,800 from the Economic Development Funds budget, £6,400 from the Sgioba na Gàidhlig Revenue Budget) to be distributed directly to seven Western Isles Fèisean via the Small Grants for Gaelic Funding Scheme.**

**Arising from consideration of this item it was agreed to recommend that the Comhairle invite Bord na Gàidhlig to give a presentation to a future meeting detailing the support that it provides to local communities in the Western Isles.**

7 Maoin Bhliadhnail Buidhnean Ealan 2020-21

Aithisg le Stiùiriche Coimhearsnachdan

Thugadh fa-near Aithisg le Stiùiriche Choimhearsnachdan a' sireadh aonta ri iarrtasan maoineachaidh teachd-a-steach bho Fhèis Cheilteach Innse Gall, Ceòlas Uibhist na seachd Fèisean anns na h-Eileanan an Iar airson 2020/21. Mhìnich an Aithisg gu robh na buidhnean air buaidh sònraichte eacanomaigeach a lìbhrigeadh a thaobh taic airson obraichean, airgead air ath-ghluasad tron eaconamaidh ionadail agus a' tarraing a-steach an tuilleadh stòrais. Mhìnich an Aithisg gun do bheachdaich Buidheann Obrach Ball Obrach Leasachadh Seasmhach Ro-Innleachdail air Aithisg Ath-dhealbhachadh Sheirbheisean mu shàbhaladh air 7 Gearran 2019 agus chur iad taic ri lùghdachadh de 25% thairis air nam buidhnean a tha a' faighinn taic bliadhnail fo Aonta Inbhe Seirbheis.

**Chaidh aontachadh moladh far an robh ùidh aig a' Chomataidh, gun deidheadh na suimean a-leanas am pàigheadh an dèidh co-dhùnadh air Aonta Maoineachadh 2019/20:**

1) **£20,306 gu Urras Fèis Cheilteach Innse Gall (£16,031 bho bhuidseat Maoin Leasachadh Eacanomaigeach, £4,275 bho Bhuidseat Thabhartasan Sgioba na Gàidhlig);**

2) **£7,897 gu Ceòlas Uibhist (£3,385 bho bhuidseat Maoin Leasachadh Eacanomaigeach, £4,512 bho bhuidseat Thabhartasan Beaga Sgioba na Gàidhlig); agus**

3) **£11,200 gu Fèisean nan Gàidhlig (£4,880 bho bhuidseat Maoin Leasachadh Eacanomaigeach, £6,400 bho Bhuidseat Thabhartasan Sgioba na Gàidhlig) airson leasachaidh gu seachd Fèisean sna h-Eileanan Siar.**

**Ag èirigh a-mach à beachdachadh air a' chuspair seo, chaidh aontachadh moladh gun toireadh a' Chomhairle cuireadh do Bhòrd na Gàidhlig taisbeanadh a thoirt choinneamh den Chomataidh a' mìneachadh an taic a thathas a toirt do choimhearsnachdan ionadail anns na h-Eileanan an Iar.**